



Com-pàirteachadh luchd- ionnsachaidh ann an Suidheachaidhean Foghlaim (3-18)

Ro-ràdh

Tha Curraicealam airson Sàr-mhathais a' toirt taic do chloinn is daoine òga gus am faigh iad an t-eòlas, sgilean, feartan agus comasachdan a tha mar bhun-stèidh do na ceithir comasan a dh'fheumas iad airson beatha san 21mh linn. Tha còraichean chloinne, air am fighe a-steach do Chunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (an UNCRIC), aig cridhe a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Tha na còraichean seo a' gabhail a-steach, am measg eile, a' chòir air com-pàirteachadh tro chòmhradh le inbhich, stèidhichte air spèis cho-ionann, agus a' chòir air foghlam. Ann an suidheachaidhean foghlaim, feumaidh clann is daoine òga a bhith air an aithneachadh ann an dòigh nas soilleire mar luchd-com-pàirteachaidh le còraichean maille ri proifeiseantaich agus buill den choimhearsnachd.

Tha feum ann air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh airson amasan is adhbharan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a choileanadh thar gach co-theacs ionnsachaidh. Tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh mar phrìomh shnàithlean a' ruith tro na sgrìobhainnean *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (an 4mh eagra) agus *Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?* (HGIOELC?) agus thathar ga chur air adhart mar cho-phàirt chudromach taobh a-staigh poileasaidh foghlaim na h-Alba.

Ann an sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ro-dheatamach airson deagh fhoghlam. Mar phàirt den h-uile eòlas fhoghlamach, tha còir aig daoine òga guth a bhith aca ann an cùisean a tha a' toirt buaidh orra. 'S e ar lèirsinn gum bi, sa h-uile sgoil agus suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne, cothroman aig daoine òga a bhith...

- (i) **ag ionnsachadh mun chòir aca air com-pàirteachadh gu saor-thoileach ann an co-dhùnaidhean**
- (ii) **air an comasachadh gus com-pàirteachadh tro chaochladh dhòighean gus am beachdan a chur an cèill**
- (iii) **le guth gus cumadh a thoirt do sholaran foghlaim san t-suidheachadh aca fhèin agus nas fhaide thall**
- (iv) **ag ionnsachadh tro chom-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean taobh a-staigh caochladh farsaing de ghnìomhachdan is pròiseasan foghlamach, ag adhbharachadh bhuaidhean is toraidhean brioghmhor**
- (v) **an sàs ann a bhith a' sgrùdadh, agus a' dèanamh luachadh air, com-pàirteachadh dhaoine òga agus air a' bhuaidh a dh'èireas às**

Tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh eifeachdach a' ciallachadh gum faod deagh fhoghlam a bhith a' fàs buntainneach, luachmhor, agus taiceil ri coileanadh agus buileachadh. Bidh tidsearan agus luchd-ceannardais sgoile ann an suidheachadh air leth airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a chomasachadh.1

Ach tha rannsachadh a rinneadh o chionn ghoirid a' sealltainn gum feum proifeiseantaich foghlaim a-nis meòrachadh air, agus luachadh a dhèanamh air, mar a dh'fhaodas a h-uile àrainn de bheatha na sgoile no suidheachadh nan tràth-bhliadhnaichean taic nas fheàrr a thoirt do chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh. Feumaidh sinn daoine òga a chuideachadh gus an còraichean a thuigsinn agus a chur an gnìomh, gun umhail air aois, gnè, cinnidheachd agus cùl-raon, agus an cuideachadh gus pàirt a ghabhail sa h-uile seòrsa de cho-dhùnaidhean an dà chuid gu h-ionadail agus tro cheanglaichean don choimhearsnachd nas farsainge.



Tha an stiùireadh seo a' toirt seachad:

- **Mìneachadh ùr air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann am foghlam na h-Alba (aoisean 3-18)**
- **Fireanachadh stèidhichte air fianais agus grunn bhuanachdan a dh'fhaodadh tighinn bho chom-pàirteachadh**
- **Prionnsapalan agus cleachdaidhean airson com-pàirteachadh firinneasach**
- **Frèam-obrach de cheithir àrainnean airson tuigse agus fèin-luachadh**

Tha seata stuthan taice ann cuideachd an cois an stiùiridh seo (rim faotainn air-loidhne).



A' mìneachadh Com-pàirteachadh Luchd-ionnsachaidh



Mìneachadh

Tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh a' gabhail a-steach gach dòigh sam bi clann is daoine òga an sàs ann an cleachdaidhean agus còmhraidh le luchd-obrach foghlaim, pàrantan, luchd-cùraim, agus buill den choimhearsnachd gus toraidhean is atharrachaidhean fàbharach a chruthachadh.

Prionnsapalan airson Com-pàirteachadh Luchd-ionnsachaidh:

- cothroman co-ionann airson com-pàirteachadh ion-ghabhalach agus saor-thoileach
- meas a thoirt do chòraichean is diofaran aig clann is daoine òga.
- fosgarrachd agus cunntalachd ann an co-dhùnaidhean
- co-roinn cumhachd eadar-ghinealach
- buntainneas a thaobh susbaint, adhbhar agus toradh.

Tha com-pàirteachadh ion-ghabhalach agus measail

Mar chòir dhaonna, tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an co-dhùnaidhean nas motha na duais a thathar a' buannachd no sochair a thathar a' toirt seachad air stèidh clas, aidmheil, cinnidheachd, gnè no cùl-raon. Tha clann is daoine òga uile – a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil ciorraman, mion-bhuidhnean agus iadsan aig a bheil feum air taic airson ionnsachadh – a' faighinn an dà chuid còir air foghlam agus còir air guth a bhith aca ann an cumadh a thoirt don fhoghlam sin.

Tha com-pàirteachadh fosgarra le co-roinn cumhachd na lùib

Tha com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh nas motha na dìreach inbhich ag èisteachd ri daoine òga – tha seòrsa air choreigin de cho-chòmhradh eadar-ghinealach a dhìth. Airson co-chòmhradh eadar-ghinealach, feumaidh inbhich, clann, agus daoine òga a bhith an sàs ann an conaltraidhean, a tha dà-fhillte, saor-thoileach, maireann, a' dèiligeadh ri cùisean-iomagain fìora, agus stèidhichte air spèis cho-ionann agus còraichean chloinne. Tro chom-pàirteachadh, bidh luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh, agus buill den choimhearsnachd a' planadh agus a' cur an gnìomh còmhla. Faodaidh còmhraidhean com-pàirteach gabhail a-steach daoine fa leth no buidhnean.

Tha com-pàirteachadh buntainneach, fìrinneasach agus tàilleabhach

Airson com-pàirteachadh a tha buntainneach agus fìrinneasach, feumaidh

còmhraidhean com-pàirteach a bhith buadh-mhor agus tàilleabhach seach làn fhaclan falamh. Bu chòir gum bi com-pàirteachadh eifeachdach ag adhbharachadh chleachdaidhean is dàimhean is ciallan ùra. Bu chòir gu bheil a' sgrùdadh pròiseasan agus toraidhean nan gnìomhan seo ann an dòighean a tha a' gabhail a-steach daoine òga.

A' cur nam prionnsapalan com-pàirteachaidh gu feum ann an cleachdadh:

Gus dèanamh cinnteach gu bheil na prionnsapalan seo air am fighe a-steach ann an cleachdadh, bu chòir gum bi iomairt sam bith a thaobh com-pàirteachadh a' gabhail a-steach:

- dòighean-obrach a tha sàbhailte agus furasta do chloinn
- trèanadh agus togail comais airson inbhich agus clann is daoine òga
- com-pàirteachadh chloinne is dhaoine òga sa h-uile cleachdadh riaghlaidh a tha buntainneach
- ceanglaichean is co-chòmhradh le inbhich a tha buntainneach agus buadh-mhor
- com-pàirteachadh chloinne is dhaoine òga ann a bhith a' sgrùdadh, agus a' dèanamh luachadh air, adhartas taobh a-staigh agus taobh a-muigh.
- modhan fios air ais airson clann is daoine òga uile agus airson a' phobail nas fharsainghe

Ann a bhith a' cleachdadh an stiùiridh seo, thathar a' brosnachadh sgoiltean is suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne iomradh a dhèanamh air:

- [🔗 Na 7 Riaghailtean Òir airson Com-pàirteachadh](#)
- [🔗 Na Bhidiothan airson nan 7 Riaghailtean Òir](#)
- [🔗 Dè cho math 's a tha an sgoil againn?](#)
- [🔗 Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-cloinne?](#)
- [🔗 Ceartas do Gach Pàiste](#)

Adhbhar agus Buannachdan a thig à Com-pàirteachadh



Èifeachdan agus Buannachdan

Tha tòrr fianais ann a-nis bho rannsachadh a tha a' toirt taic don bheachd gum bithear, far a bheilear a' dèiligeadh ri com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, a' dèanamh poileasaidh gu h-èifeachdach, a' meudachadh beatha sgoile, agus a' toirt piseach air raon de thoraidhean airson luchd-ionnsachaidh. Tha sgrùdadh a rinneadh o chionn goirid ann an Alba, air sealltainn gu bheil sgoiltean aig an robh toraidhean deuchainne nas fheàrr na bhathar an dùil, leis gu bheil iad a' tarraing sgoilearan o sgìrean bochdainn, uile a' dèanamh oidhirpean ioma-chuimseach gus dèiligeadh ri com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh air feadh beatha na sgoile.

Tha mòran rannsachaidhean, faodar a ràdh gu bheil an fhianais a' sealltainn gur iad na prìomh èifeachdan bho chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh:

- **dàimhean nas fheàrr eadar sgoilear is tìdear, eadar clann is luchd-obrach, agus eadar co-aoisean**
- **sunnd nas fheàrr**
- **teagasg agus ionnsachadh nas fheàrr**
- **stùireadh agus taic nas fheàrr**
- **feallsanachd sgoile nas fheàrr agus faireachdainn nas fheàrr gu bheil coimhearsnachd cho-phàirtichte ann**
- **faireachdainn gu bheilear a' cur luach, earbsa agus meas air a chèile**
- **leasachadh sgilean beatha leithid obair-sgioba, fuasgladh cheistean, agus saoranachd**
- **conaltradh is cumhachdachadh nas fheàrr agus barrachd dealais do fhoghlam**
- **coileanadh agus buileachadh nas fheàrr**
- **a' dèiligeadh ris a' bheàrn ann am buileachadh eadar luchd-ionnsachaidh bho chùl-raointean de bharrachd no nas lugha de bhochdainn**

A rèir an t-suidheachaidh shònraichte agus a rèir dè seòrsa dòighean-obrach a thathar a' cleachdadh, faodar raon farsaing de leasachaidhean cuimsichte a bhith air an cruthachadh. Tha eisimpleirean far am faodar buaidh fhaighinn bho chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a' gabhail a-steach:

- **dealbhadh togalaichean agus làrach na sgoile**
- **mothachadh do chòraichean daonna**
- **ceanglaichean eadar sgoil agus coimhearsnachd**
- **pròiseisean airson luchd-obrach a chur an dreuchd**
- **iomairtean airson fòirneart a bhacadh**
- **ionnsachadh, teagasg agus measadh**

Mar thoradh air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an co-dhùnaidhean, faodaidh faireachdainn a bhith ann gu bheil co-dhùnaidhean, poileasaidhean agus cleachdaidhean dligeach, a chionn 's nach eil iad gan cur an gnìomh gu rangachdail o shuas. Faodaidh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh cuid eachadh le bhith a' toirt leotha seallaidhean ùra agus dòighean eile airson dèiligeadh ri raon farsaing de chùisean tarsainn beatha na sgoile.

Chan eil na h-èifeachdan a thig à com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh cuibhrichte ri toraidhean airson nan daoine òga no an cuid coileanaidh is buileachaidh. Tro bhith a' cleachdadh dòighean-obrach chom-pàirteachail, tha cumhachd ga roinn agus tha co-chòmhraidhean eadar-ghinealach air am fighe a-steach anns mar a tha an sgoil no suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne ag obair.

Ceithir Àrainnean Com-pàirteachaidh

Tha 'Ceithir Àrainnean Com-pàirteachaidh' a' toirt seachad frèam-obrach gus ar cuideachadh ann a bhith a' tuigsinn agus a' leasachadh cuin, càit, agus ciamar a dh'fhaodas guth a bhith aig luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne. Tha rannsachadh a rinneadh o chionn ghoirid ann an sgoiltean aig a bheil coileanadh àrd ged a tha iad ann an sgìrean bochdainne air sealltainn, airson deagh choileanadh a ruigsinn, gun robh luchd-ionnsachaidh a' cur luach air, agus a' gabhail cothrom air, cothroman com-pàirteachaidh sa h-uile gin de na ceithir àrainnean.

Tha na ceithir àrainnean ceangailte ris na prìomh chuideaman ann an com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, a tha a' tar-shìneadh air a chèile, ann an sgoiltean no suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. Mar a tha an diagram a' nochdadh, tha na h-àrainnean ceangailte ri chèile: mar eisimpleir, dh'fhaodadh buidheann air a stiùireadh le sgoilearan co-dhùnadh a dhèanamh air far an rachadh cuairt-sgoile eadar-nàiseanta. Mar an ceudna, dh'fhaodadh gur ann mar thoradh air co-chòmhraidh le buill den choimhearsnachd air cùis àrainneachdail gun dèanar pròiseact curraicealaim mu dheidhinn so-sheasmhachd.

Gu cudromach, cha bhi com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh cuibhrichte ri obair chomhairlean foirmeil nan sgoilearan, ach bidhe air a fhiosrachadh ann an dòigh bheirteach agus dhomhainn thar nan ceithir àrainnean leis a' chloinn is daoine òga uile. Cha bu chòir beachdachadh air com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh mar rudeigin 'a bharrachd' ach bu chòir a bhith ga fhiosrachadh mar rudeigin intrinnsigeach do dhòighean obrachaidh làitheil.




ann an Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh



ann an Cothroman airson Coileanadh Pearsanta



ann am Buidhnean Co-dhùnaidh



ceangailte ris a' Choimhearsnachd nas Fharsainghe




Àrainn Com-pàirteachaidh 1: Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Tha a' chiad àrainn com-pàirteachaidh a' dèiligeadh ri ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha seo a' gabhail a' steach eòlasan foghlaim a dh'fhaodas tachairt, mar eisimpleir, ann an:

- seòmraichean-teagaisg
- seòmraichean-cluiche
- àiteachan spòrs agus taisbeanaidh
- obair-lann saidheans
- leabharlannan
- suidheachaidhean air a' bhlàr a-muigh
- agus stiùideothan, bùithean-obrach agus àiteachan ionnsachaidh eile

San raon seo, tha cothroman aig a h-uile duine òg a bhith a' toirt buaidh air, agus a' gabhail pàirt ann an, co-dhùnaidhean mu na dòighean-obrach a thathar a' cleachdadh, mun chuspair, mun t-susbaint, mun chlàr-ama, mun t-sreath, mu na stucturan agus mu na cuideaman a thaobh ciamar bhios iad ag ionnsachadh, air an oideachadh agus air am measadh.

Tro chom-pàirteachadh, bidh luchd-ionnsachaidh a' cluiche pàirt chudromach ann a bhith a' toirt taic do chruthachadh a' churraicealaim taobh a-staigh Curraicealam airson Sàr-mhathais tro cho-chòmhradh leantainneach le tidsearan is eile.



Àrainn Com-pàirteachaidh 2: Cothroman airson Coileanadh Pearsanta

Tha cothroman airson coileanadh pearsanta mar an dàrna àrainn com-pàirteachaidh. Bidh sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne a' tairgsinn raon eadar-mheasgte de dh'èolasan ionnsachaidh leithid:

- **saor-thoileachas**
- **sgeamaichean duaiseachaidh**
- **tursan agus labhraichean air turas**
- **tachartasan spòrs: mar chluicheadair, mar chòidse no mar neach-taic**
- **iomairt, togail airgid, agus leasachadh na sgioba-obrach òig**
- **taisbeanaidhean poblach de cheòl, dannsa no dràma**
- **farpaisean**
- **tachartasan eile ceangailte ris an sgoil no ri coimhearsnachd na sgoile**

Tro cho-chòmhradh le inbhich san àrainn seo, faodaidh luchd-ionnsachaidh buaidh a thoirt air caochladh cho-dhùnidhean cudromach. Gabhaidh cothroman airson coileanadh pearsanta a chumadh, a dhealbhadh no a thòiseachadh leis na daoine òga fhèin no faodar an toirt seachad ann an co-obrachadh le tidsearan, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean neo-riaghaltasach agus buidhnean eile.⁶ Tro chonaltradh san àrainn seo, bidh daoine òga comasach air buaidh mhòr a thoirt air feallsanachd is cultar na sgoile.



Àrainn Com-pàirteachaidh 3: Buidhnean Co-dhùnaidh



Tha an treas àrainn com-pàirteachaidh a' gabhail a-steach com-pàirteachadh ann an iomadh seòrsa de bhuidhnean co-dhùnaidh. Ann an comataidhean, comhairlean, agus buidhnean eile, bidh luchd-ionnsachaidh a' gabhail pàirt sna co-dhùnaidhean làitheil agus ro-innleachdach a bhios a' stiùireadh comhair na sgoile air fad. Tha seo a' gabhail a-steach, mar eisimpleir:

- **buildhnean air an stiùireadh le clann**
- **comhairlean sgoile**
- **buidhnean Eag-sgoile**
- **com-pàirteachadh chloinne is dhaoine òga ann an comainn phàrant is luchd-teagaisg**
- **buidhnean airson raointean is làrach na sgoile**
- **comataidhean rianachd is stiùiridh eile**

Bidh na buidhnean is comataidhean seo a' toirt buaidh air:

- **stiùireadh is ceannardas**
- **buidseatan, siostaman is structuran na sgoile**
- **riaghailtean, poileasaidhean agus modhan-obrach na sgoile**
- **roghnachadh luchd-obrach**
- **tagrachd, stiùireadh agus taic airson clann is daoine òga**
- **comhairlean coimhearsnachd**
- **leasachadh is dealbhachadh togalaichean is làrach na sgoile**
- **cùisean riaghlaidh eile**

San àrainn seo, faodaidh clann is daoine òga dèiligeadh ri èifeachdas is cunntachalachd gus cumadh a thoirt do chultar, siostaman is pròiseasan sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. Bidh luchd-ionnsachaidh an sàs ann an riochdan èifeachdach de cho-dhùnaidhean eadar-ghinealach a tha fìor, cunbhalach, fosgarra, siostamataigeach, agus maireann.



Àrainn Com-pàirteachaidh 4: A' choimhearsnachd nas fharsainghe

Tha a' cheathramh àrainn a' dèiligeadh ri obair ann an co-bhann le seirbheisean, pàrantan, luchd-cùraim agus coimhearsnachdan eile.

Tro chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, faodaidh sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne ceanglaichean a thogail leis an t-saoghal nas fharsainghe agus leis a chèile agus co-obrachadh ann an dòigh nas doimhne air amasan co-roinnte ùra.


Bidh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a' leudachadh faireachdainn coimhearsnachd, a' leasachadh dàimhean ùra le buill den choimhearsnachd agus a' cruthachadh ghealltanasan ùra thar ghnàth-ghnìomhan is nòsan làithreach.

San àrainn seo, bidh:

- **conaltradh le luchd-ionnsachaidh le raon de bhuidhnean-ghnìomha, teaghlàichean agus buill eile den choimhearsnachd**
- **cothroman airson buill den choimhearsnachd a bhith an sàs ann an conaltradh agus a' gabhail pàirt ann am beatha na sgoile**

Bidh luchd-ionnsachaidh an sàs ann an co-chòmhruidhean eadar-ghinealach, a' cuideachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh agus mothachail air feumalachdan dhaoine eile taobh a-staigh na coimhearsnachd nas fharsainghe. Faodaidh pròiseactan den leithid seo iomlaid bheachdan tarsainn nan ginealaichean a chruthachadh aig ìrean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Faodar iomairtean a tha a' dèiligeadh ris an àrainn seo a bhith air an leasachadh le luchd-ionnsachaidh no ann an cultar co-obrachaidh le buidhnean-ghnìomha is luchd-pàirt air an taobh a-muigh.



A' toirt Com-pàirteachadh Luchd-ionnsachaidh air Adhart



A' cruthachadh co-chòmhradh a bharrachd

Tha an stiùireadh seo a' cur com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh air feadh agus taobh a-staigh a h-uile raon de bheatha na sgoile no suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. An lùib com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh, tha co-roinn fiosrachaidh, co-obrachadh gnìomhach, agus cruthan conaltraidh is dòighean-labhairt eile trom bi daoine òga is inbhich a' dol ann an co-chòmhradh gus am bithear a' toirt fa-near beachdan càch a chèile agus a' cur cuideam orra. Ann an iomadh suidheachadh, thathar a' cur meas mòr air, agus a' toirt taic dha, com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh mar-thà, agus bidh e a' dèanamh diofar. Ann an suidheachaidhean eile, dh'fhaodte gu bheil cothroman ann air leasachadh. Sa h-uile suidheachadh, tha tuilleadh leasachaidh comasach agus deatamach, agus sinn a' cumail oirnn a' dèiligeadh ri com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh.

Buaidhean à foghlam a tha stèidhichte air còraichean

Feumaidh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a bhith na phrìomh phàirt de fhèin-fhios beatha dhaoine òga nan cuid foghlaim. Tha an obair seo cudromach a chionn 's gu bheilear a' dèiligeadh ri còraichean dhaoine òga, a' toirt cothroman guth a bhith aig a h-uile duine air an dòigh sa bheilear a' ruith na sgoile no suidheachadh aca, a' toirt gu buil leasachaidhean ann an coileanadh agus ann an càileachd sholaran. Tha fios againn gum feumar foghlam stèidhichte air còraichean gus an soirbhich le daoine òga anns an sgoil. Gabhaidh foghlam stèidhichte air còraichean fhaicinn nuair a tha dòighean ann leis am faod daoine òga buaidh a thoirt air atharrachadh agus pàirt a ghabhail air feadh agus taobh a-staigh nan ceithir àrainnean comharraichte. Airson com-pàirteachadh da-rìribh, feumaidh inbhich aithneachadh gu bheil fios aig clann is daoine òga nuair a thathar air luach a chur anns na chuir iad a-steach agus nuair nach eil buaidh sam bith ann a ghabhas fhaicinn.

Taic airson fhighhe a-steach ann an cleachdadh

Feumaidh am pròiseas airson com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a bhith air a chur sa cho-theacsa fhreagarrach. Nochd sgrùdadh pileatach air cur-an-gnìomh an stiùiridh seo gu bheil diofar phuingean-tòiseachaidh ann airson an clàr-gnothaich seo a leasachadh a tha an eisimeil co-theacsa na sgoile no air an t-suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. Tha grunn bhidiothan, uidheaman, agus goireasan an cois na sgrìobhainne seo gus taic a thoirt do luchd-teagaisg nuair a tha iad a' co-dhùnadh ciamar a bheir iad an clàr-gnothaich seo air adhart agus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh airson an t-suidheachaidh aca. Tha an t-eòlas a fhuair ann an gnàth-chleachdadh a' sealltainn, nuair a bha cothroman com-pàirteachaidh air am freagarrachadh do fheumalachdan an t-suidheachaidh, gun robh iad air an glacadh le clann is daoine òga agus bha iad glè chruth-atharrachail, uaireannan le toraidhean ris nach robhar an dùil.

Tha sinn gur brosnachadh gus feum a dhèanamh dhen stiùireadh seo còmhla ris na stuthan-taice air-loidhne gus com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh a leasachadh sna h-ionadan-foghlaim agaibhse.

Earr-nòtaichean

1. Faic Hulme et al (2011), ach cuideachd Brown et al (2017) a fhuair gun robh cothromanan com-pàirteachaidh ann an co-dhunaidhean gu math ìosal ann an cuid chùisean-cùraim. (a' gabhail a-steach teagasg is ionnsachadh) agus Mannion et al (2015) a thuir gu bheil beàrnan mòra ann agus rùm airson leasachadh.
Faic Mannion, G. Sowerby, M. agus I'Anson, J. (2015). *How Young People's Participation in School Supports Achievement and Attainment*. Dùn Èideann: Coimiseanair Clann is Daoine Oga na h-Alba.
Ri fhaotainn bho: <http://www.cypcs.org.uk/ufiles/achievement-and-attainment.pdf>
2. Tha na beachdan againn an seo, gu dearbh, stèidhichte air Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne, a dh'fhoillsich ann an 2009 Iomradh Coitcheann air Còir na Cloinne a bhith air an Cluinntinn, ach thathar a' toirt fa-near co-theacs sònraichte an t-suidheachaidh foghlaim. Tha an abairt againn fo bhuidh 'Participation Works', a dh'atharraich am mineachadh airson com-pàirteachadh a chuireadh air adhart le Treseder, ach tha i freumhaichte gu soilleir ann an Artagail 12. Faic Davey et al (2010). Faic cuideachd Mannion (2007) Lundy (2007) airson deasbad air na cùisean seo.
3. Faic Mannion, G. (2012). *Children and Young People's Participation in Scotland: Frameworks, standards and principles for practice*. Dùn Èideann: Coimiseanair Clann is Daoine Oga na h-Alba.
<https://www.cypcs.org.uk/publications/participation>
4. Gheibhear geàrr-chunntasan air na buannachdan ann am Mager agus Nowak (2012) agus ann an Robinson (2014). Faic cuideachd na tùsan aig crìoch na sgrìobhainne seo.
6. Gabhaidh euchdan a ghlachadh am broinn Curraicealam airson Sàr-mhathais tro ghrunn sgeamaichean duaiseachaidh.



Apple, M. A. (2011). Democratic education in neoliberal and neoconservative times. *International Studies in Sociology of Education*, 21(1), td. 21–31.

Bourke, R. agus Loveridge, J. (2016). Beyond the official language of learning: Teachers engaging with student voice research. *Teaching and Teacher Education*, 57, pp. 59–66.

Brown, J. Croxford, L. agus Minty, S. (2017). *Pupils as Citizens: Participation, responsibility and voice in the transition from primary to secondary school*. Dùn Èideann: Ionad Rannsachaidh ann am Foghlam, Ion-ghabhaltas agus Iomadachd, Sgoil an Fhoghlaim Taigh Mhoireibh, Oilthigh Dhùn Èideann.

Coimiseanair Clann is Daoine Òga na h-Alba. (2013). 'Golden Rules of Participation', [Air-loidhne], Ri fhaotainn aig: <https://www.cypcs.org.uk/education/golden-rules>

Cook-Sather, A. (2002). Authorizing students' Perspectives: Toward trust, dialogue, and change in education. *Educational Researcher*, 31, td. 3–14.

Davey, C., Lea, J., Shaw, C. agus Burke, T. (2010). *Children's participation in decision-making*. Children's Rights Alliance England agus National Children's Bureau, Lunnainn.

Deuchar, R. (2009). Seen and heard, and then not heard: Scottish pupils' experience of democratic educational practice during the transition from primary to secondary school. *Oxford Review of Education*, 35, td. 23–40.

Devine, D. (2002). Children's citizenship and the structuring of adult-child relations in the primary school. *Childhood*, 9(3), td. 303–320.

Foghlam Alba 2015 Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) Air a thogail bho <http://www.educationscotland.gov.uk/resources/h/hgios4/introduction.asp>

Fielding, M. (2001). Students as radical agents of change. *Journal of Educational Change*, 2, td. 123–141.

Hannam, D. (2001). *A pilot study to evaluate the impact of student participation aspects of the citizenship order on standards of education in secondary schools*. An Rìoghachd Aonaichte: Roinn an Fhoghlaim agus a' Chosnaidh

Hulme, M., McKinney, S., Hall, S. agus Cross, B. (2011). Pupil participation in Scottish schools: How far have we come? *Improving Schools*, 14, td. 130–144.

l'Anson, J. (2016). UNCRC at 25: a critical assessment of achievements and trajectories with reference to educational research. In Gillett-Swan J, Coppock V (deasaiche). *Children's Rights, Educational Research and the UNCRC: past, present and future*, Oxford: Walter de Gruyter, td. 17–37.

Kidd, W, agus Czerniawski, G. (Deasaichean) (2011). *The Student Voice Handbook: Bridging the Academic/Practitioner Divide*. Bingley, Rìoghachd Aonaichte: Emerald Group.

Lundy, L. (2007). 'Voice is not enough: Conceptualising Article 12 of the United Nations Convention on the Rights of the Child', *British Educational Research Journal*, 33(6), td. 927–42.

Mager, U. agus Nowak, P., (2012). Effects of student participation in decision making at school. A systematic review and synthesis of empirical research. *Educational Research Review*, 7(1), td. 38–61.

Mannion, G. (2007). Going Spatial, Going Relational: Why 'listening to children' and children's participation needs reframing. *Ann an Discourse*, 28(3), td. 405–420.

Mannion, G. (2016). Intergenerational Education: We Are In A New Place. Ann an S. Punch agus R. Vanderbeck (Deasaichean) *Family, Intergenerationality and Peer-Group Relations*, (adhartas air-loidhne). Lunnainn: Springer.

Mannion, G. (2012). *Children and Young People's Participation in Scotland: Frameworks, standards and principles for practice*. Dùn Èideann: Dùn Èideann: Coimiseanair Clann is Daoine Òga na h-Alba.

Mannion, G. Sowerby, M. agus l'Anson, J. (2015). *How Young People's Participation in School Supports Achievement and Attainment*. Dùn Èideann: Coimiseanair Clann is Daoine Òga na h-Alba. Ri fhaotainn bho: <http://www.cypcs.org.uk/ufiles/achievement-and-attainment.pdf>

Robinson, C. Agus Taylor, C. (2013). Student voice as a contested practice: Power and participation in two student voice projects. *Improving Schools*, 16(1), td. 32–46.

Robinson, C. (2014). Children, their voices and their experiences of school: what does the evidence tell us?. Cambridge Primary Review Trust. Ri fhaotainn bho: <http://cprtrust.org.uk/research/childrens-voice/>

Rudduck, J. (2007). Student voice, student engagement, and school reform. Ann an D. Thiessen agus A. Cook-Sather (Deasaichean.), *International handbook of student experience in elementary and secondary school* (td. 587–610). Dordrecht, an Òlaind: Springer.

Rudduck, J., agus McIntyre, D. (2007). *Improving learning through consulting pupils*. Lunnainn agus New York: Routledge.

Riaghaltas na h-Alba (2006). *Positive about Pupil Participation*. Dùn Èideann: Riaghaltas na h-Alba


Riaghaltas na h-Alba (2013). Ceartas do Gach Pàiste Air a thogail bho <http://www.scotland.gov.uk/Topics/People/Young-People/gettingitright>

Pàrlamaid na h-Alba (2014) Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014 Dùn Èideann: Pàrlamaid na h-Alba.

Sinclair, R. (2004). 'Participation in practice: Making it meaningful, effective and sustainable', *Children & Society*, 18(2), td. 106–18.

Dùthchannan Aonaichte (1989). Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne. Geneva: Oifis an Àrd-choimiseanair airson Chòraichean Daonna Ri fhaotainn aig <http://www.ohchr.org/en/professionalinterest/pages/crc.aspx>

Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (2009) Iomradh Coitcheann Àir. 12: *The right of the child to be heard (Article 12)*. Geneva: Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne.



Buidheachas

Sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne (Bhidiothan de dh'eisimpleirean agus tursan cùise) Acadamh Bearsden, Glaschu
Àrd-sgoile nam Bràighean,
Ionad Ro-chòig Ferguslie na h-Eaglaise Brice, Pàislig
Àrd-sgoil ar Baintighearna, Comar nan Allt; Bun-sgoil Naoimh Eunan, Bruach Chluaidh

Paul McWatt: comhairliche agus co-òrdanachadh obair-làraich

Greg Mannion & Matthew Sowerby, Roinn nan Saidheansan Sòisealta, Oilthigh Shruighlea: Prìomh com-pàirtichean acadaimigeach; Dealbhachadh le Vroom Media Ltd - www.vroom.media

UNIVERSITY of
STIRLING



 Education
Scotland
Foghlam Alba